

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

BÒRD NA GÀIDHLIG A’ BROSACHADH COMPÀIRTEACHAS ANN AN LÈIRMHEAS URRAS A’ BHBC

29 An Dàmhair 2009

Tha Bòrd na Gàidhlig an-diugh (Diardaoin 29 Dàmhair) a’ brosnachadh a h-uile duine le ùidh ann an craoladh Gàidhlig san àm ri teachd, pàirt a ghabhail ann an Lèirmheas Urras a’ BhBC air sianal telebhisean BBC Alba, a chaidh a thòisich ann an 2008.

A’ cur fàilte air soilleireachadh bhon Urras air cùisean co-cheangailte ris an lèirmheas, a’ leantainn air coinneamh aig oifisean a’ Bhùird ann an Inbhir Nis, thuirt Art MacCarraig, Cathraiche a’ Bhùird: “Tha e soilleir don Bhòrd gu bheil mòran dhaoine air taobh a-muigh coimhearsnachd na Gàidhlig air gabhail gu math ri BBC Alba, a thuilleadh air luchd-labhairt na Gàidhlig fhèin air feadh na dùthcha. Tha e a-nis glè chudromach gum faigh Urras a’ BhBC sealladh soilleir air beachdan dhaoine mun t-seirbheis, mar a tha an t-seirbheis air a coileanadh agus an t-slighe air adhart o seo a-mach. Air sgàth sin, tha an deuchainn a thaobh luach poblach a chuireas an t-Urras an gnìomh glè chudromach. Tha mi fìor thoilichte cluinntinn bhon Urras gu bheil cus a bharrachd an lùib na cùise iomlan na dìreach àireamhan. Dh’fhaodadh gu bheil brìgh, ruigsinneachd agus buaidh aithnichte gu leòr an taobh a-staigh nan sgìrean againn fhèin. Ach a dh’aindeoin sin, tha mi ga mheas anabarrach cudromach gum bu chòir dhan h-uile neach aig a bheil beachd air na toraidhean, eadar gum buin no nach buin iad don choimhearsnachd Ghàidhlig, sin a chur an aithne an Urrais agus am bi sealladh cho farsaing ’s a ghabhas aca air an dòigh sa bheilear air gabhail ris an t-sianal.”

A’ toirt iomradh air am bu chòir BBC Alba fhaighinn air Freeview, thuirt Mgr MacCarraig: “Tha e follaiseach gum faodadh buannachd chudromach a bhith ann don BhBC anns an fharsainneachd a thaobh meudachadh ann an àireamhan luchd-amhairc nam biodh an sianal TBh ri fhaotainn air Freeview. Tha mi a’ tuigsinn cuideachd gun iarradh seo cuimse de rèiteachadh aig amannan sònraichte den latha, air dòighean èisteachd cuid de dhaoine eile a thaobh cuid de na sianalan rèidio. Gu h-iomlan, tha barrachd ri bhuannachd na buaidh àicheil a chionn agus gu bheil na sianalan sin rim faotainn tro dhòighean eile. Aig an àm seo, tha mòran daoine aig nach eil cothrom prògraman BBC Alba fhaicinn, agus chuirinn ìmpidh air gach neach an fheum air sin a leasachadh a chur gu làidir don Urras. Cuideachd, bu mhath leam barrachd fhaicinn ga dhèanamh do luchd-ionnsachaidh agus do roinn an fhoghlaim tron t-sianal Ghàidhlig, agus tha mi a’ creidsinn gun tèid dèiligeadh leis an sin san

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



àin ri teachd nuair a bhios an t-slighe air adhart nas soilleire don t-sianal agus do luchd-cruthachaidh nam prògraman. Tha pàirt deatamach aig an t-sianal ri choileanadh ann an comasachadh na coimhearsnachd Ghàidhlig gu fàs agus leasachadh. Tha e soilleir a-nis gu bheil e a' tairgsinn mòran do dhaoine le sùim ann an diofar chuspairean a thaobh prògramadh agus tuigse don chultar againn. 'S urrainn dha cuideachd mòran a chur ri cruthachadh ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig. Bu chòir gum biodh sin na mhòr-mhiann co-roinnte a dh'fhaodas a bhith air a thoirt gu buil tro cho-obrachadh eadar am Bòrd agus Urras a' BhBC agus luchd nam prògraman."

Bidh Bòrd na Gàidhlig a' cur beachdan mionaideach gu Urras a' BhBC mu na molaidhean air a bheil iad a' co-chonaltradh agus thathar an dùil crìoch a chur air an tagradh sin aig coinneamh a' Bhùird ann am meadhan na Dùbhlachd. Tha Urras a' BhBC a' cur a-mach cuireadh airson beachdan co-cheangailte ris an lèirmheas air BBC Alba, ro 18 Faoilleach 2010.

Tha raon de sgrìobhainnean buntainneach, a' gabhail a-steach an sgrìobhainn co-chomhairleachaidh agus sgrìobhainnean fiosrachaidh eile, rim faotainn aig bbc.co.uk/bbctrust agus cuideachd air làrach-lìn Bòrd na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG ENCOURAGES PARTICIPATION IN REVIEW OF BBC ALBA

29 October 2009

Bòrd na Gàidhlig has today (Wednesday, October 28) urged everyone with an interest in the future of Gaelic broadcasting to take part in the BBC Trust's review of the BBC Alba television channel which was launched in 2008.

Welcoming the Trust's clarification of issues involved in the review following a meeting at the Bòrd's offices in Inverness today, Bòrd chairman Arthur Cormack said: "It is clear to the Bòrd that the new channel BBC Alba has been well received by many people beyond the Gaelic community as well as Gaelic speakers throughout the country. It is now very important that the BBC Trust receives a clear view of what people think of the service, how it has performed and where it should go from here. The public value test which the Trust will apply is obviously very important. I am delighted to hear from the BBC Trust that there is more to the whole issue than simply numbers. The quality, reach and impact of the new service may be well known within our own areas. However, I believe it to be very important that anyone who has a view on the output, whether they belong to the Gaelic-speaking community or not should make that known to the Trust so that they have as broad a view as possible of the way the channel has been received."

Commenting on the issue of whether the TV channel should be made available on Freeview, Mr Cormack added: "Clearly there is a significant potential gain to the BBC as a whole in terms of increased audiences if the television channel could be available on Freeview. I also recognise that this would require some adjustment at certain times of the day to some other people's listening patterns with respect to some radio channels. Overall there is more to gain than negative impact as these other radio channels are available through other means. Many people are currently denied the opportunity to see BBC Alba programmes and I would urge everyone to emphasise to the Trust the need for that move. I would also like to see more done through the channel for Gaelic learners and the education sector and I am sure that this will be addressed in the future when the way forward is clearer for the channel and the programme makers. The channel has a critical role to play enabling the Gaelic community to grow and develop. It is now clear that it offers a great deal to people with different interests in terms of programming and understanding of our culture. It can also contribute a great deal to the creation of a new generation of Gaelic speakers. That

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



should be a shared aspiration which the Bòrd can work with the BBC Trust and programme makers to achieve.”

Bòrd na Gàidhlig will be making a full submission to the BBC Trust on the proposals they are consulting on and will probably finalise that submission at its Board meeting in mid-December. The BBC Trust is inviting contributions towards its review of BBC Alba by 18 January 2009.

A range of relevant documents, including the consultation document and other informative documents is available at bbc.co.uk/bbctrust and also on the Bòrd na Gàidhlig website.